

A' chlach-iarnais

Cuaire gu muir




William Edmonds • Shelagh McNicholas agus Robert McPhillips

A' Ghàidhlig
An t-Sàileag

SANDBANK PR
SANDBANK

Cuairt gu muir



An teacsá William Edmonds
Na dealbhan Shelagh McNicholas
agus Robert McPhillips
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



A' togail oirnn

'S e latha teth samhraidh a bha ann.

Chaidh Yasmin, Seoc agus Iain dhan amar-snàmh.

"B' fheàrr leam gun robh sinn ri taobh na mara," arsa Yasmin.

"B' fheàrr leam gun robh sinn a' seòladh air a' mhuir," arsa Seoc.

"B' fheàrr leam gur e bàta-seòlaidh a bha sa chearcall rubair seo," ars Iain.



Nach iarr sinn rudeigin air a' chloich-iarrtais?" arsa Yasmin, agus shin i mach a làmh leis a' chloich bhiq.

Bha a' chlach pinc, glas agus gorm, agus bha toll na meadhan. Chuir Iain a chorrag dhan toll.

Dhùin iad uile an sùilean an uair sin agus rinn iad cagar beag, "Aon ... dhà ... trì ...

Bu mhiann leinn ...!"

Nuair a dh'fhosgail Yasmin, Seoc agus Iain
an sùilean bha iad air bàta-siùil aig muir.


Bha seòl mòr geal air a' bhàta agus bha
bràtach bheag dhearg air bàrr a' chrainn.

“Saoil càit a bheil sinn a' dol?”

arsa Yasmin.

“Nach lean sinn na pèileagan ud?”


ars Iain.



Ach thòisich a' ghaoth air èirigh agus dh'fhàs
na stuaghan beagan na bu mhotha.

Suas agus sìos chaith am bàta – suas agus
sìos.

“Chan eil mi a' faireachdainn gu math,”
ars Iain.



Shèid a' ghaoth na bu làidire.

Dh'fhàs na stuaghan na bu mhotha agus
thulg iad am bàta o thaobh gu taobh.

“Cuidich sinn!” dh'èigh a' chlann agus grèim
aca air cliathaich a' bhàta.


“Cuidich sinn! Cuidich sinn!” dh'èigh iad
a-rithist, ach an uair sin bha CRAIS mòr
ann!

Bhuail am bàta air creagan faisg air eilean
agus bha toll mòr na cliathaich.

“Dè nì sinn?” arsa Yasmin.

“Nach tèid sinn air tìr air an eilean?”
arsa Seoc.


“S dòcha gum faic sinn cuideigin a
chuidicheas sinn.”



Thàinig Yasmin, Seoc agus Iain far nan creagan agus suas air a' ghainmhich.

Chunnaic iad craobhan àrda.

“Cnothan-còco!” dh’èigh Seoc, agus ruith e a-null chun nan craobhan agus fhuair e cnò-còco anns a' ghainmhich.




Dh’ith iad a’ chnò-còco agus dh’fhalbh iad air cuairt timcheall an eilein, ach chan fhaca iad duine.

Shuidh iad sìos agus thòisich Iain a’ cladhach sa ghainmhich.

“Seallaibh!” ars Iain. “Lorg mi rudeigin.”

“Tha e coltach ri òr,” arsa Seoc.


Thòisich iad a' cladhach sa ghaithneamh.
 Lorg iad tòrr mòr de bhuinn òir.
 Chuir Yasmin na buinn ann am baga.
 "Bheir sinn am poca dhachaigh leinn,"
 arsa Seoc.
 "Ach ciamar a gheibh sinn dhachaigh?"
 arsa Yasmin.
 "Sreapaidh mi craobh agus coimheadaidh
 mi airson bàta," arsa Seoc.



12



Mar sin shreap Seoc craobh agus choimhead
 e a-mach gu muir. Chunnaic e bàta mòr.
 Smèid e agus smèid e, agus thionndaidh am
 bàta a-nall chun an eilein.




"Chaill sinn am bàta againn ann an stoirm.
 An urrainn dhuibh ar toirt dhachaigh?"
 dh'fhaighnich Yasmin.
 "S urrainn. Tugainnibh còmhla riumsa," ars
 an seòladair.
 Thug a' chlann leotha am baga òir agus
 shreap iad air bòrd a' bhàta.

13

Sàbhailte


Sheòl am bàta a-mach gu muir.
Bha seòl mòr geal
oirre agus bha bratach dhubb
agus gheal air bàrr a' chrainn.
“Seallaibh,” ars Iain.
“Siud na pèileagan a-rithist.”





Nuair a bha iad fada a-muigh aig muir,
thàinig an seòladair agus thuirt e,
“Ha! Ha! Ha! ’S e reubadair a th’ annamsa.
Nis dè a th’ agaibh sa phoca sin?”
Gheàrr e toll sa phoca agus thuit na buinn
òir a-mach às.
“ÒR!” dh’èigh an reubadair.
“Sin dìreach an rud a bha mi ag iarraidh.”
“Nis feumaidh sibh falbh. Slàn leibh!”

“Tha sibh a’ dol a choiseachd
a’ phlanca,” ars an reubadair.
Duine mu seach dhiubh thuit iad dhan
mhuir.





“Cuidich sinn! Cuidich sinn!”

Ach sheòl an reubadair air falbh agus cha tug e fiù 's sùil air ais orra.

“Nis dè nì sinn?” arsa Yasmin.


“Seall,” ars Iain. “Seall na trì pèileagan a' tighinn.”

Shnàmh na pèileagan a-null chun na cloinne.

“Leumaibh air ar dromannan,” ars iadsan,
“agus bheir sinne sibh sàbhailte gu tìr.”

Mar sin shreap Yasmin, Seoc agus Iain air
druim nam pèileagan agus shnàmh iad air
falbh leotha.

Shnàmh na pèileagan uabhasach luath.
Bha a' chlann a' gàireachdainn agus ag
èigheach nuair a bha na pèileagan a' leum
a-steach dhan uisge.






Ach cha do mhair sin. Thug Iain sùil air a chùlaibh agus chunnaic e rudeigin a' tighinn.
“Ò, mo chreach mhòr!” arsa Yasmin.

“S e clearban a th’ ann.”



Bha an clearban a’ sìor thighinn na b’ fhaisge. Bha na pèileagan a’ snàmh cho luath ’s a b’ urrainn dhaibh, agus thòisich iad a’ leum na b’ àirde thairis air na stuaghan. Mu dheireadh le aon leum mòr shad iad a’ chlann an-àirde.



CLOD!

Thàinig a' chlann a-nuas air eilean beag
cruinn.

“Mu dheireadh tha sinn sàbhailte,” arsa Seoc.
“Chan eil an còrr reubadairean ann.
Chan eil an còrr chearbanan ann.”



“Stad mionaid,” arsa Seoc. “Tha an t-eilean seo a' gluasad.”
“Chan e eilean a th' ann,” arsa Yasmin.
“Tha sinn air druim brùid mhòr de mhuc-mhara.”
“CUIDICH SINN!” dh'èigh iad uile.
An uair sin, SPLAIS! Thuit iad uile
air ais dhan mhuir.

“Dè tha sibh air a bhith a’ dèanamh?”
dh’fhaighnich an athair agus e a’ tighinn
gu taobh an lòin nuair a chunnaic e
a’ chlann a’ leum far a’ chearcaill rubair
agus a’ dèanamh SPLAIS!

“Dè am fuaim a bha siud?”

“Uill,” arsa Yasmin. “S e stòraidh glè
fhada a tha sin.”



Foillsichearan Foghlaim Heinemann
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ
earrann de Fhoghla姆 agus Foillseachadh Profeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND
IBADAN JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO

© William Edmonds 1997

A’ chiad fhoillseachadh 1997
A’ chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2005

A’ Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004, 2003
10 9

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte
air MRG. Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo
ath-riochdachadh an cruth sam bith no an ðòigh sam bith gun chead ro-làimh bho
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatann
Gheibhean clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatann.

Tha William Edmonds a’ dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a chomharrachadh
mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington,

LAGE/ISBN 0 86152 624 4